

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

## GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN AIR A CUMAIL AIR 'MICROSOFT TEAMS' AIR 3 DÙBHLACHD 2020

An làthair:	Rod Mackenzie	Neach-gairm
	Mairi Mackenzie	Iar Neach-gairm
	Andy Holt	Coimiseanair
	Malcolm Mathieson	Coimiseanair
	Iain Maciver	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Billy Neilson	Coimiseanair
	Cyril Annal	Coimiseanair
	James Scott	Coimiseanair
	Bill Barron	Àrd-Oifigear
	Aaron Ramsay	Ceannard Didseatach is Leasachaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Taic Riaghlaidh
	Heather Mack	Ceannard Obrachaidhean, Sgioba-obrach is Geàrr-chunntas
	Neil Macdonald	Ceannard Ionmhais
	Gordon Jackson	Roinn Urrasachd
	Michael Nugent	Roinn Urrasachd
	Aileen Rore	Roinn Urrasachd

Buill den phoball agus measadairean

### 1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh, le fàilte ann an Gàidhlig agus an uair sin Beurla. Fhuair eadh leisgeulan bho Mhàiri Rosach, Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obrach (còmhdach màthaireil) agus Sine NicThòmais, an Ceannard Gèillidh.

### 2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh neach sam bith airson com-pàirt fhoillseachadh. Cha deach com-pàirt sam bith fhoillseachadh sa phàirt phoblaich den choinneamh.

### 3 GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' BHÙIRD AIR 20 Dàmhair 2020

Chaidh Geàrr-chunntas na Coinneimh air 20 Dàmhair 2020 aontachadh air post-d agus fhoillseachadh air an làraich-lìn. Chaidh a thoirt chun na coinneimh airson fiosrachadh a-mhàin. Cha robh ceistean sam bith ann.

### 4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Cha robh Cùisean sam bith ag èirigh bhon choinneamh mu dheireadh. Thug an Coimiseanair Scott fa-near fiosrachadh mun chùis trusaidh gu na dreuchdan ùra agus chaidh co-dhùnadh gun deigheadh seo a dheasbad nas fhaide air adhart.

## 5. ÙR-FHIOSRACHADH AFC

Thaisbean an Coimiseanair MacMhathain an geàrr-chunntas a bha a' còmhach na coinneimh AFC mu dheireadh. Mhìnich e clàr-gnothaich na coinneimh seo air fad agus dhaighnich e cudromachd an deasbaid an lùib taobh Ionmhais na coinneimh. Tha e air ro-innse gum bi an Coimisean a' fuireach taobh a-staigh a' bhuidseit am-bliadhna agus thug e fa-near isleachadh anns a' chosgais iomlan, sa chiad àite mar thoradh air cuibhreachaidhean Covid-19, a tha a' cothromachadh tar-chosg taobh a-staigh chosgaisean tuarastail luchd-obrach. Bha deasbad air a' mhaoineachadh de £325k don Choimisean am-bliadhna aig a' choinneamh seo, agus chaidh am briseadh-dùil a thaobh a' ghluasaid shlaodach air na dreuchdan ùra a lionadh, a dheasbad. Thog an Coimiseanair MacMhathain gun robh dìth meudachaidh rèidheil sa bhuidseat mu choinneamh na h-ath bhliadhna ionmhais, a' ciallachadh nach bi gu leòr aig a' bhuidheann airson cosgaisean luchd-obrach a chòmhdach. Gus dèiligeadh ris an seo, bha an AFC air iarraidh air an Àrd-Oifigear sgrìobhadh gu Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh na cùise; dreach air an robhar a' beachdachadh a-nis.

Chuir an AFC seachad ùine air grunn phoileasaidhean agus chòmhdach deasbaidan am plana iomadachd, am plana leantainneach gnothachais, am plana ionmhasail meadhan-teirm, an clàr cunnairt agus prìomh chomharran coileanaidh.

Nochd àireamh de Choimiseanairean na draghan a thogadh aig coinneamh an AFC a thaobh adhartas mall nan dreuchdan ùra gu ìre sanasachd. Ghabh an t-Àrd-Oifigear ris a' bhriseadh-dùil an lùib seo agus dh'aontaich e gum faodadh adhartas a bhith nas luaithe airson faighinn chun na h-ìre làithrich. Thug e fa-near gun robh trì de na dreuchdan a-nis gan sanasachd agus gum biodh am fear mu dheireadh a' leantainn a dh'aithghearr. Cuideachd, gun robh freagairt dheimhinneach air a thighinn a-steach do na sanasan.

Thug Coimiseanairean fa-near cuideachd gun robh dragh orra mu cho fada 's a dh'fhaodadh e a bhith luchd-obrach ùr fhaighinn a-steach don dreuchd a' leantainn air trusadh, agus thug iad fa-near cùisean a' gabhail a-steach ullachadh airson obair bhon taigh agus toirt fios mu fhàgail an cuid obrach. Dh'iarr an Coimiseanair MacCoinnich gum biodh an sanas deireannach air a leantainn le HR a' foillseachadh cho luath 's a ghabhas, agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear ri sin. Mhol an Neach-gairm leantainn le coinneamh leis an Àrd-Oifigear agus Coimiseanairean ann an dà sheachdain, gus ùr-fhiosrachadh a thoirt air na dreuchdan, agus chaidh aontachadh ri sin.

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an gabhadh am pàirt den mhaoin a bharrachd nach robh air a chosg, a thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna ionmhasail, agus fhreagair an t-Àrd-Oifigear agus Gordon Jackson gun robh seans gum faodadh seo a dhèanamh nam biodh am figear mu £50k.

Chuir an Coimiseanair Neilson ceist mu mhisneachd an AFC sa chlàr chunnairt agus na bha bu mhotha dragh. Fhreagair an Coimiseanair MacMhathain gur e na cunnartan air an comharrachadh ann an dearg an fheadhainn air an robh iad a' cuimseachadh a bharrachd, agus gun robh a' chomataidh riarachta leis an seo an-dràsta; ach dhaingnich iad cudromachd ùr-fhiosrachadh aig coinneamhan AFC agus eadar choinneamhan ma bha nì deatamach. Dh'aithris e gun robh seo a-nis nas fhasa oir tha am Manaidsear Ionmhais a-nis gu h-oifigeil mar phàirt den Àrd-Sgioba Stiùiridh.

## 6 ÙR-FHIOSRACHADH ‘TIMCHEALL A’ BHÙIRD’ BHO CHOIMISEANAIREAN

Thòisich an Coimiseanair Neilson air an ùr-fhiosrachadh agus thug e fa-near gun robh an ceangal làitheil àbhaisteach air a bhith aige le croitearan. Bha e an dèidh a bhith an sàs ann an dà bhuidheann obrach gearr-amail (STWG) agus thug e taing don luchd-obrach a bha na lùib airson an cuid proifeiseantachd.

Thug an Coimiseanair MacIomhair fa-near cuideachd gu bheil ceistean bho croitearan a’ cumail a’ tighinn, gu h-àraid iomnaidheach mu thagraidhean mar thoradh air troimh-chèile co-cheangailte ri Covid. Tha e a’ toirt fa-near agus an dòchas gum bu chòir do na draghan sin lùghdachadh san àm ri teachd.

Thug an Coimiseanair NicChoinnich fa-near gu bheil a’ chroit aice air a bhith dripeil a’ cur a-mach nan rùd am measg nithean eile. Thug i fa-near cuideachd gu bheil a cuid ùine san STWG air còrdadh rithe, agus mhothaich i do dhealas luchd-obrach a tha an sàs annta sin. Thog i dragh mhù dhith luchd-obrach a’ Choimisein airson bruidhinn ri croitearan no gabhail ri gairmean fòn bho croitearan. Bha na draghan sin aig Coimiseanairean eile cuideachd agus dh’iarr an Coimiseanair Caimbeul gun deigheadh prìomhachas a thoirt don chùis seo. Fhreagair an t-Àrd-Oifigear gu bheil a’ chùis ga làimhseachadh, agus fuasglaidhean teicnigeach eile a-nis gan coimeasadh; is e am fuasgladh as coltaiche gun tèid Microsoft Teams a chleachdadh airson an fhuincsein seo a choileanadh.

Thug an Coimiseanair Holt fa-near gu bheil na rùid a-staigh air a’ chroit Thug e iomradh air cùrsa a ghabh e o chionn ghoirid mu bhruidhinn ris na meadhanan agus sheall e a dhòchas a bhith comasach air seo a chur an gnìomh a dh’aithghearr. Bu mhath leis a bhith saor gus bruidhinn ris na meadhanan le misneachd. Dh’aontaich an t-Àrd-Oifigear gum faodadh cuimse às ùr a bhith air conaltraidhean leis na meadhanan. Sheall an Neach-gairm aonta gum bu thoigh leis an Coimisean a bhith nas for-ghnìomhaich leis na meadhanan san àm ri teachd.

Rinn an Coimiseanair Caimbeul deasbad air turas a Ghallaibh o chionn ghoirid agus gun robh e toilichte fhaicinn gun robh iad air atharrachadh glè mhath don t-suidheachadh mar thoradh air cuibhreachaidhean aig Covid. Mheòraich e a bheil tuilleadh cothruim ann don Choimisean dèiligidhean le croitearan a thoirt air ais barrachd gu mar a bha iad roimhe.

Thog an Neach-gairm air an deasbad mu thimcheall ionadan-margaidh taobh a-staigh sgìrean croitearachd agus thuirt e gun robh fèilltean-reic as t-fhoghar a’ cur gu mòr ri eaconamaidhean nan sgìrean sin. Thug e iomradh cuideachd air a bhith an sàs o chionn ghoirid ann an STWG agus thug e taing do chàch uile a bha an sàs, airson luach an cuideachaidh.

Thug an Coimiseanair Scott fa-near gun robh a ghnòthachas fhèin a-nis air ais san àbhaist a’ leantainn air troimh-chèile Covid.

Cha robh ùr-fhiosrachadh sam bith aig a’ Choimiseanair Annal.

Thog an Coimiseanair MacIomhair air an deasbad mu thimcheall ionadan-margaidh agus mhol e oidhirpean luchd-ceannach, luchd-cuidhteachaidh agus oidhirpean saor-thoileach croitearan is thuathanaich.

## 7 CLÀR CUNNAIRT RO-INNLEACHDAIL

Thaisbean an t-Àrd-Oifigear an clàr cunnairt ro-innleachdail agus thug e fa-near ged a tha riaghladh croitearachd (nì 3) a’ fuireach na chunnart aig àrd-ìre, tha e ann an dà-rìribh ann an suidheachadh nas fheàrr na bha e roimhe. Thug e fa-near cuideachd an

àireamh mhòr de ghniomhan air am planadh taobh a-staigh a' chlàir. Bha deasbad aig Coimiseanair MacMhathain agus an t-Àrd-Oifigear a thaobh luach agus suidheachadh co-cheangailte ri staitistigean cunbhalach a thoirt gu buil le tagraidhean a' Choimisein. Leanaidh an t-Àrd-Oifigear leis an seo còmhla ri Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obrach nuair a thilleas i bho fhòrladh.

## **8 BUIDHEANN OBRACH GEÀRR-AMAIL AIR CÒMHNAIDHEACHD IS CLEACHDADH FEARAINN**

Thaisbean neach-lagha a' Choimisein am pàipear seo a tha air a thighinn bhon STWG air Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn. Mhol e na tabhartasan bho bhuill na buidhne agus an iomadachd dheimhinneach a bha air a riochdachadh a thaobh cumhachan dhreuchdan is gnè. Bu chòir do na molaidhean a thàinig às a bhith air an comasachadh tro leudachadh air sgioba RALU agus na h-oifigearan ùra a bhathar a' trusadh sna h-Eileanan an Iar. Thug e fa-near ged a bha dleastanasan nan oifigearan B2 sna h-Eileanan an Iar fhathast rim mìneachadh, bha e an dòchas gum bi dlùth chonaltradh aig na dreuchdan coimhearsnachd sin le sgioba RALU agus biadhachd a-steach do na prìomhachasan sin, mar eisimpleir, le bhith a' comharrachadh cleachdadh fearainn; fearann ionaltraidh nach eilear a' cleachdadh; no bailtean-fearainn le às-làthaireachd.

Thug neach-lagha a' Choimisein iomradh air beachd-smuain a thaobh barrachd fiosrachaidh bho SGRPID a chleachdadh, gu h-àraid an inneal mapaidh, aig am faod comas a bhith an Coimisean fhiosrachadh mu phàtran an cleachdadh fearainn agus comharran dearmaid. Chaidh e tron dà mholadh dheug uile mar a bha iad mìnichte sa pàipear agus chuir e sin gu Coimiseanairean airson deasbad. Mhol an Coimiseanair NicChoinnich an aithisg fharsaing agus thug i fa-near gum faodadh e croitearachd a chruth-atharrachadh ged a bhiodh adhartas beag air bheag.

Thug an Coimiseanair Neilson fa-near gun robh puing 11 de na molaidhean a thaobh roinnidhean buntainneach. Thug e iomradh air cùis far an do thachair ceannach agus di-chroiteadh às dèidh sin còig tursan air an aon chroit, a tha a' taisbeanadh a dhragh gu bheil di-chroiteadh a' crìonadh fearann croitearachd. Thuir an Coimiseanair MacMhathain gun neartaicheadh beagan staitistigean an aithisg agus cuideachadh leis an t-suidheachadh làithreach a mhìneachadh, nì don tugadh fa-near.

Thug grunn Choimiseanairean iomradh air na cùisean mu thimcheall uachdarain croitean falamh. Thug neach-lagha a' Choimisein fa-near gu bheil grunn sheòrsaichean de dhaoine air croitean nach eil a' freagairt air na mìneachaidhean làithreach, leithid uachdaran croite falamh, agus gum faodar pàipear a dhùileachadh mun seo sa chiad leth de 2021. Thuir an Coimiseanair Caimbeul, a thaobh croitean falamh ann an ioma-sheilbh, gur e am poileasaidh làithreach gun chùisean a thogail. Mhol e gun robh seo on a bhios na suidheachaidhean sin glè thrì a' toradh bho dhearmad seach roghainn agus gu h-àbhaisteach tha iad nan raointean glè bheag. Mhol e gu bheil am meud beag agus an cruthachadh tro mhearachd ann an reachdas, nan adhbharan matha gun a dhol às an dèidh agus gum faodadh goireasan a bhith air an cleachdadh nas fheàrr an àiteigin eile. Thug e iomradh cuideachd air cudromachd a bhith cothromach do chroitearan uile a thaobh dleastanasan. Thug an Ceannard Poileasaidh iomradh air a' phlana poileasaidh agus thuir e gu bheil cothrom ann airson nan seòrsaichean croitean sin a sgrùdadh, nuair a bhios e iomchaidh sin a dhèanamh. Dh'aontaich neach-lagha a' Choimisein ri seo agus dhaingnich e cudromachd cothromachd a thaobh seo. Thug e fa-near cuideachd gun robh Comann Lagha na h-Alba air reachdas croitearachd, air beachdachadh air fuasgladh comasach far am faodadh cuid de dh' uachdarain air croitean falamh tagradh airson inbhe croitear-seilbhe. Chuir an Ceannard Taic Riaghlaidh ris an deasbad, 's e ag aithris gu bheil am figear airson croitean falamh aig còrr air 900.

Mhol an Coimiseanair MacIomhair cothroman a thoirt do chroitearan innse air an fhoirm cunntais aca carson a tha iad a' briseadh riaghailtean còmhnaidheachd, a' coimhead ri goireasan a' Choimisein a shàbhaladh a' rannsachadh seo. Chòmhdaich e cùisean a thaobh na buaidh a tha aig croitean fo dhearmad air nàbaidhean, agus mhol e nach biodh croitean fo dhearmad airidh air CAGS. Thug e iomradh cuideachd air a' chùis mu thimcheall chroitean gabhte agus ceistean a thaobh dleastanasan agus còraichean chomataidhean ionaltraidh. Fhreagair neach-lagha a' Choimisein gu bheil an Coimisean a' sireadh beachd Neach-tagraidh mu na cùisean timcheall air croitean gabhte.

Bha an Coimiseanair Holt air a leamhachadh nach robh an Coimisean air dèiligeadh fhathast ri croitean falamh agus an neach-seilbhe às-làthair. Bha e den bheachd nach bu chòir eagal droch chliù an Coimisean a chumail air ais oir tha barrachd cunnairt an lùib a sheachnadh. Thog neach-lagha a' Choimisein air an seo agus thuirt e gum feum am poileasaidh an seòrsa seo de chroit a ghabhail a-steach. Chaidh an deasbad an uair sin gu na faireachdainnean làidir a tha croitean fo dhearmad a' dùsgadh ann an croitearan, agus bha mòran de na Coimiseanairean ag aontachadh ri seo.

Thug an Coimiseanair Scott fa-near gum bu chòir dhuinn cuimseachadh air gnothaichean dèanadach leithid raointean-ama agus na builean air a bheilear ag amas. Thug an Coimiseanair MacIomhair fa-near gum faod fuasgladh dhleastanasan buaidh a thoirt aig ìre neach fa leth no ìre coimhearsnachd, agus dh'aithris e gum bu chòir an Coimisean a chuid oidhirpean a chuireadh far a bheil a' bhuaidh nas làidire aig ìre coimhearsnachd.

Thàinig an deasbad gu crìch le aonta air molaidhean a' phàipeir agus beachd gun robh feum air tuilleadh deasbaid a thaobh buileachadh prìomhachasan. Dh'aontaich neach-lagha a' Choimisein na beachdan bhon deasbad a chleachdadh gus na molaidhean a chuireadh ann an òrdugh prìomhachais, a thuilleadh air staitistigean, targaidean, beachd neach-tagraidh a ghabhail a-steach.

Mheòraich an Neach-gairm air a bheil na goireasan gu leòr airson na h-obrach agus am beachdaicheadh Riaghaltas na h-Alba air na goireasan a mheudachadh airson seo. Mhol e don Choimisean innse do na meadhanan gu bheil deasbaidan a' dol air adhart a thaobh na h-obrach seo, a chaidh a dhearbhadh le cuid de Choimiseanairean eile. Thàinig tuilleadh beachdan bho Choimiseanairean agus buill den phoball a thaobh cudromachd a bhith a' cur a-mach brathan naidheachd agus sgeulachdan matha.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b><i>Dh'aontaich an Coimisean ri buileachadh air na molaidhean bhon Bhuidheann Obrach Geàrr-amail a thaobh Dleastanasan. Dh'iarr an Coimisean pàipear eile le roghainnean airson prìomhachadh air na molaidhean a stèidheachadh.</i></b>
-------------------	---

## 9 AITHISGEAN BHO CHEANNARDAN SGIUBAIDHEAN

### (a) Sgioba IS

Thug an Ceannard Didseatach is Leasachaidh ùr-fhiosrachadh goirid air suidheachadh IS sa bhuidheann, nach robh air atharrachadh mòran bhon choinneamh Bùird mu dheireadh. Tha atharrachaidhean a' tighinn am follais a' gabhail a-steach gluasad gu cloud agus fuasgladh ùr CIS. A' leantainn air ceist mu chinn-latha fuasglaidh CIS, mhìnich an Ceannard Didseatach is Leasachaidh gu bheil nàdar còdaidh a' ciallachadh gum bi atharrachaidhean uaireannan a' toirt barrachd no nas lugha tìde na bha an dùil, ach tha sùil gheur ga chumail air seo. Chòmhdaich e cuideachd an gluasad gu cloud ann an dòigh nas mionaidiche, sa bheil trì taobhan a' gabhail a-steach imrich GIS, imrich CIS agus imrich luchd-cleachdaidh fa leth.

## **(b) RALU agus Taic Riaghlaidh**

Mhìnich an Ceannard Taic Riaghlaidh an obair a tha a' dol air adhart san sgioba taic riaghlaidh. Thog e air a' mheudachadh ann an cùisean a bhathar a' faicinn aig Ìre 2 agus adhbharan comasach airson seo. Lean e air adhart a' mìneachadh na h-obrach a tha ga gabhail os làimh an-dràsta anns an Sgioba Riaghlaidh is Cleachdadh Fearainn (RALU). Tha seo a' gabhail a-steach còrr air 140 cùis a thaobh briseadh dleistanais, a thuilleadh air dileaban gun fhuasgladh agus àireamh de chùisean far a bheil gabhaltas croite air a leigeil air màl leis an uachdaran no leis a' Choimisean. Thug e fa-near cuideachd ann an cùisean fàilligidh air leantainneachd gun tiomnadh, tha an reachdas ag ràdh gun toir an Coimisean "fios" a' moladh an gabhaltas a thoirt gu crìch, agus a' chroit a ghairm falamh agus gu bheil sgioba RALU air tòiseachadh air an obair seo sa bheil còrr air 30 cùis aig an àm seo. A' leantainn air ceist, thug e seachad barrachd mion-fhiosrachaidh a' mìneachadh ma dh'fhailnicheas air riaghladair-tiomnaidh oighreachd an leantainneachd fhuasgladh, bidh an Coimisean a' leantainn cheumannan àraid. Tha iad sin a' gabhail a-steach fios a thoirt don riaghladair-tiomnaidh agus càch (a' gabhail a-steach fios poblach) gu bheil an Coimisean an dùil an gabhaltas a thoirt gu crìch. Thuirt neach-lagha a' Choimisein gu bheil Comann Lagha na h-Alba a' beachdachadh air mura tìgear gu aonta taobh a-staigh 24 mìos, tha an riaghladair-tiomnaidh a' call a' chomais air an gabhaltas eadar-ghluasad.

Thuirt an Coimiseanair MacIomhair gur e amannan doirbh a tha seo do theaghlaichean a tha air bàs fhulang agus dhaingnich luchd-obrach a' Choimisein gu bheil a' dèiligeadh ris na cùisean sin le làn fhaireachdainn. Mhol e gur dòcha gun comasaich na dreuchdan ùra sna h-Eileanan an Iar, don luchd-obrach coinneachadh ris an riaghladair-tiomnaidh aghaidh-ri-aghaidh, nì a bhiodh luachmhor. Bheachdaich an Ceannard Taic Riaghlaidh gum faodadh seo a bhith buannachdail cuideachd don Coimisean, oir dh'fhaodadh stiùireadh chun na slighe cheart tràth sa ghnothaich goireasan a' Choimisein a shàbhaladh nas fhaide air adhart.

## **(C) Obrachaidhean is Sgioba-obrach**

Thug an t-Àrd-Oifigear ùr-fhiosrachadh air obrachaidhean agus sgioba-obrach. Thuirt e gu bheil a' mhòr-chuid de chùisean IS a thaobh obair bhon dachaigh air am fuasgladh a-nis, le buidheachas do dh'oidhirpean na sgioba IS agus cuideachd comas cuid den luchd-obrach a bhith ag obair bhon oifis. Rinn e deasbad cuideachd air staitistigean adhartas chùisean. Nas tràithe sa bhliadhna, bha iad sin air barrachd iarrtasan a shealltainn a' tighinn a-steach seach a' dol a-mach, ach bha an t-Samhain a' sealltainn barrachd chùisean air an crìochnachadh na fhuair a-steach. Thug e fa-near cuideachd gun robh an Coimisean a' trusadh grunn luchd-obrach sealach aig ìre A3 gus cuideachadh le seirbheisean theachdaichean, IS agus ionaltraidhean.

Bha deasbad cuideachd air sunnd luchd-obrach. Thug an t-Àrd-Oifigear fa-near ged a bha draghan a' toirt buaidh air luchd-obrach tarsainn na buidhne, bha nithean deimhinneach ann cuideachd, a' gabhail a-steach nach robh fòrladh tinneis fad-amail le neach sam bith aig an àm seo. Bha beachdan ag ràdh gun robh coltas gu bheil misneachd luchd-obrach aig ìre mhath.

## **(c) Ionaltradh agus Poileasaidh**

Thug an Ceannard Poileasaidh gun robh 475 comataidh ionaltraidh gu làithreach ann an dreuchd agus mhìnich e am pròiseas a bha air a leantainn fad na bliadhna gus comataidhean a chumail ann an dreuchd. Thug e fa-near cuideachd an àireamh de cheistean a thàinig chun na sgioba airson diofar adhbharan, a' gabhail a-steach iadsan nach eil comas aig a' Choimisean fhuasgladh. Tha obair eile a' gabhail a-steach

riaghailtean ùra ionaltraidh, sgrùdaidhean luchd-earrannan agus suirbhìdh gu clàrcan ionaltraidhean. Tha an t-suirbhìdh air ais-fhiosrachadh luachmhor a thoirt seachad agus air clàrcan a chomasachadh gu an fheum air trèanadh air coinneamhan comataidh a chumail air-loidhne, a shealltainn. Bidh cuid de sheiseanan trèanaidh a' gabhail àite thar nan seachdainean a tha romhainn tro Sheirbheis Comhairleachaidh Tuathanais agus thathar a' beachdachadh air rudeigin nas maireannaiche airson an ama ri teachd.

Choinnich an sgioba Ionaltraidh air-loidhne le Gwyn Jones gus ionnsachadh mu dheidhinn obair pileit a bhathar a' gabhail os làimh airson taic àitich-àrainneachd san àm ri teachd do dh'ionaltraidhean sna h-Eileanan an Iar. Tha an obair a' sgrùdadh mar a dh'fhaodas taic stèidhichte air toraidhean a chaidh a leasachadh gu h-ionadail, barrachd comais a thabhann do na sgeamaichean àitich-àrainneachd òrdachail a th' ann agus a bh' ann roimhe. Fhritheil cuid de na Coimiseanairean seo agus lean seo gu deasbad air a' ghnìomhachd ionaltraidh a bha a' crìonadh sna h-Eileanan an Iar agus mar a tha structar taic ciallach riatanach gus stad a chur air. Thug an Ceannard Poileasaidh iomradh air molaidhean a bha dèante le riochdairean fhearainn coitcheann ann an Cumbria, a tha a' moladh gur iad na sgeamaichean àitich-àrainneachd sin air an stiùireadh gu h-ionadail, aig a bheil an comas as fheàrr airson fearann coitcheann. Thathar a' faireachdainn gun toir seo seachad co-shìnidhean feumail agus bhiodh barrachd deasbaid air seo luachmhor a thaobh a' gheallaidh ann am Plana Poileasaidh a' Choimisein, gus a dhèanamh cinnteach gum bi croitearachd ga dheasbad gu h-iomlan taobh a-staigh structaran taic san àm ri teachd.

Nochd an Coimiseanair Caimbeul dragh nach robhar a' co-chomhairleachadh le luchd-earrannan a thaobh comataidhean a bha a' leantainn nan dreuchd aig deireadh an teirm àbhaisteach aca. Thug an Ceannard Poileasaidh iomradh air an deasbad poileasaidh a chumadh roimhe le Coimiseanairean sa Mhàrt a bha na bhunait don phròiseas a bhith ga leantainn. Tha dìon ri fhaotainn ma thogar cùisean sam bith, ach tha coltas gu bheil gu bheil e air obrachadh gu math gu ruige seo agus air comataidhean a chomasachadh fuireach ag obair tron àm seo.

Chuir an Coimiseanair MacIomhair ceist mu cho fada 's a dh'fhaodadh an suidheachadh sealach seo mairtinn a thaobh mar a tha comataidhean gan cur an dreuchd, agus thuit an Ceannard Poileasaidh gum feumar sùil a chumail air suidheachadh Covid agus gun robh e mothachail do dhà choinneamh ionaltraidh air an cumail air a' bhlàr a-muigh tron t-samhradh.

A' leantainn air ùr-fhiosrachadh bhon sgioba, thogadh draghan gum bu chòir tìde gu leòr a bhith aig a' Bhòrd co-dhùnaidhean ro-innleachdail a dheasbad a thuilleadh air aithisgean fhaighinn bho oifigich. Beachdaichidh an Neach-gairm agus an t-Àrd-Oifigear air a' chùis seo a-rithist.

## **10 AITHISGEAN BHO BUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMAIL**

### **(a) Buidheann Ath-dhealbhadh Fhoirmean Tagraidh**

Mhìnich an Ceannard Taic Riaghlaidh obair an fho-bhuidhinn seo, ag ràdh gu bheil iad a' cuimseachadh air susbaint an fhoirm le in-chur bho IS mar a bhios riatanach. Thug e mion-fhiosrachadh mun dòigh san robh am buidheann a' briseadh sìos nam foirmean ann am modalan agus a' dèanamh atharrachaidhean mar liostaichean teàrnach an àite freagairtean saora clò-sgrìobhte. Bhiodh cuimse sa chiad àite air tagraidhean riaghlaidh seach fiosan. Am measg chùisean a tha rim fuasgladh, tha taisbeanadh air an fhios phrìobhaideachd; foirmean aig a bheil feum air diofar dhaoine na diofar earrannan a lìonadh; foirmean air an lìonadh le cuideigin eile seach an tagraiche; ceangal sgrìobhainnean; eàrr-sgrìobhaidhean eileagtronaigeach agus am fireanachadh; agus an ceangal eadar foirmean tagraidh agus stiùireadh.

## **(b) Boireannaich agus Ballrachd Bùird**

Thug an t-Iar Neach-gairm NicChoinnich a' chùis seo agus obair na buidhne am follais. Is e aon de na nithean a tha iad a' dèanamh, a' stèidheachadh liosta de luchd-ùidhe gus a dhèanamh cinnteach gu bheil gach neach a tha buntainneach a' faighinn cuireadh gu coinneamhan Bùird, agus thugadh fa-near gun robh i toilichte cuireadh fhaighinn chun na coinneimh bho Boireannaich ann an Àiteachas mar thoradh air sin. Tha planaichean ann cuideachd airson post bloga agus measadairean boireann a bhrosnachadh gu seasamh sna taghaidhean.

## **(c) Obair air astar agus bhon dachaigh**

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear na deasbadan na buidhne seo agus mhol e an t-obrachadh farsaing aca. Stèidhich am buidheann an fheum air pròtacalan sgrìobhte a thaobh co-dhùnidhean stiùiridh air obair bhon dachaigh. Bha diofar bheachdan ann mu obair air astar agus comas luchd-obrach a' fuireach ann an diofar phàirtean de na sgìrean croitearachd, agus dheigheadh seo a dheasbad aig an ath choinneamh. Ach, bha aonta soilleir gum bu chòir prìomh àite-obrach luchd-obrach a' Choimisein uile a bhith taobh a-staigh nan sgìrean croitearachd.

## **11 AITHISG AIR ADHARTAS MU CHOINNEAMH BHUILEAN RO-INNLEACHDAIL**

Thuir an t-Àrd-Oifigear gun robh an nì seo ùr air a' chlàr-obrach a' leantainn air moladh sgrùdaidh, agus thaisbean e am pàipear 's e a' togail air cuid den phrìomh adhartas a chaidh a dhèanamh bho 2017. Thuir an t-Àrd-Oifigear gum biodh e feumail seo a dheasbad aig coinneamh ro-innleachd fa leth.

## **12 PLANA GNOTHACHAIS DO 2020/21**

Thaisbean an t-Àrd-Oifigear am pàipear seo agus thug e cuireadh do na Coimiseanairean dealasan sònraichte sam bith a mholadh, air an robh iad airson cuimseachadh sa bhliadhna dheireannach de theirm nan Coimiseanairean taghte. Mhol e gum beachdaicheadh iad air prìomhachasan na dà dhreuchd leasachaidh B2; RALU; Ionaidraidhean; IS; riaghladh; gnàth-shìde agus bith-iomadachd; plana na sgioba-obrach; agus taghaidhean. Bha iarrtasan ann airson latha ro-innleachd gus na cùisean sin a dheasbad agus am plana a leasachadh.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b><i>Thèid latha ro-innleachd eagrachadh don Bhòrd gus adhartas gu ruige seo ath-sgrùdadh, mu choinneamh bhùilean ro-innleachdail agus gus prìomhachasan a' Phlana Gnothachais airson 2021/22 a dheasbad agus aontachadh.</i></b>
-------------------	--

## **13 ATHARRACHADH AIR MODH-OBACH – PÀIPEARAN OBAIR-CÙISE is eile.**

Thaisbean an Ceannard Riaghlaidh am pàipear seo agus mhìnich e gu bheil e a' leantainn air na beachdan leis an SLC ann an ath-thagraidhean, a thaobh mar a tha an Coimisean a' dèiligeadh ri gearanan agus eòlas a' Choimisein air duilgheadsan a nochdas san raon seo. Tha na molaidhean a' sireadh ri leasachadh a thoirt air mar a tha an Coimisean a' dèiligeadh ri cùisean agus gan stad bho fhàs neo-làimhsichte. Mhìnich e cudromachd a bhith a' lorg cothromachd eadar a bhith a' comasachadh nam pàrtaidhean buntainneach uile am beachd a thoirt air a' chùis agus na còmhraidhean sin a tharraing gu crìch. Dhaingnich e cudromachd a' phròiseis obair-cùise a' dol tro na



h-ìrean sònraichte; fireanachadh; dèiligeadh ri gearanan; tional tuilleadh fiosrachaidh; beachd agus co-dhùnadh air cùisean.

Freagairt cheistean bho Choimiseanair Scott, mhinich an Ceannard an Taic Riaghlaidh gu bheil RPID mothachail do na h-atharrachaidhean a tha molta agus gum biodh a' toirt cothrom trèanaidh dhaibh. Dh'aontaich e cuideachd loidhne-time den phròiseas molta a sholarachadh, a chaidh iarraidh leis a' Choimiseanair Holt. Thug an Ceannard Taic Riaghlaidh fa-near cuideachd gu bheil pàrtaidhean comasach air beachd a thoirt air susbaint aithisg RPID ach gun ghearanan às ùr a thogail aig àm tional tuilleadh fianais den phròiseas.

Mhìnich neach-lagha a' Choimisein an comas airson beachdan diofraichte air an reachdas a thaobh gabhail ri gearanan fadalach. Mhìnich e gum biodh beachd an SLC feumail airson soilleireachadh, a dh'fhaodar a dhèanamh le bhith a' toirt iomradh fo earrann 53 de Achd 1993. Tha e a' meas seo fiachail oir tha buaidhean practaigeach aige air giullachd nan tagraidhean.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b><i>Dh'aontaich an Coimisean gabhail ris na h-atharrachaidhean sa phròiseas a tha mìnichte sa phàipear.</i></b> <b><i>Dh'aontaich an Coimisean a dhol chun na Cùirte airson stiùireadh air a' chuspair mu ghearanan fadalach.</i></b>
-------------------	--

#### **14 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH**

Thèid an ath choinneamh a chumail air Teams air 4 Gearran 2021.

#### **15 GNOTHACH DEATAMACH SAM BITH**

Cha deach gnothaich sam bith eile a thogail.

#### **16 TOIRMEASG MHEADHANAN IS POBALL**

Thug an Neach-gairm taing do na h-uile airson an in-chur agus thug e a' choinneamh gu crìch aig 16:15.